







6. 2.

2. 10. 10. 138.

EAGLAIS STEIDHICHTE NA H-ALBA,

AGUS

GNOTHAICHEAN ALBANNACH EILE.

DA ORAID

LEIS AN ARD-URRAMACH

UILLEAM EWART GLADSTONE.

EADAR-THEANGAICHTE LE

“IAIN BAN OG.”

Edinburgh:

JOHN GRANT, 25 AND 34 GEORGE IV. BRIDGE.

1891.



Lauriston Castle
Library Accession

261

ROIMH - RADH.

A REIR gach coltais, chan fhada gus an cuirear a' Phàrlamaid mar sgaoil, agus gus am bi an sluagh air an gairm gu bhith a' taghadh Pàrlamaid ùir. Tha e, uime sin, iomchuidh gum biodh iad ga'n uidheamachadh fhéin gu bhith a' toirt taisbeanaidh bheachdail air mar tha an ìntinnean a' seasamh a thaobh nan gnothaichean sònraichte a theid a thoirt fa'n comhair an co-cheangal ri obair an taghaidh.

Tha dà cheist mhóir ann a tha a' buntainn gu dlùth ris na Gàidheil agus ris a' Ghàidhealtachd—is iad sin CEIST AN FHEARAINN agus CEIST NA H-EAGLAISE STEIDHICHTE. Tha suidheachadh an t-sluaigh an co-cheangal ri Ceist an Fhearainn air a chur an làthair na Pàrlamaid mar thà, leis na Teachdairean a chuir a' Phàrlamaid a mach a' bhliadhna roimhe, a shealltainn ri cor agus iarrtasan an t-sluaigh; le Cùirt-fhearainn nan Croitearan; agus leis a liugha Comunn furachail, tapaidh, a tha am measg nan Croitearan fhéin, a chum faire a dhéanamh, agus a chum an cùisean a chur an làthair an t-saoghail.

Tha cor na h-Eglaise Stéidhichte, agus dé a bu chòir a dhéanamh rithe, na nà a tha e ro fhéumail gun sealladh na Gàidheil ris gu tùrail, gu glic, agus gu cùramach. Chan 'eil dol as àicheadh gu bheil an Eaglais Stéidhichte anns a' Ghàidhealtachd ann an suidheachadh nach 'eil taitneach ri sealltainn air. Chan 'eil an sluagh a' tàladh rithe; chan fhaicear gu bheil buannachd shònraichte sam bith a' sruthadh uaip; agus tha i na h-uallach air an dùthaich.

Chan 'eil an teagamh is lugha nach bi a' cheist, A bheil, no nach 'eil an Eaglais Stéidhichte dol a bhith air a fàgail ann an seilbh air na sochairean a tha i a' mealtainn o'n Rìoghachd? na ceist a théid a chur gu h-àraidh fo chomhair sluagh na h-Alba aig àm taghadh na Pàrlamaid. Tha e a' cheart cho cinnteach gum téid buntainn ris a' chùis anns a' Phàrlamaid ùir, agus gu sònraichte ma théid

an Uachdaranachd earbsadh—mar tha làn shùil gun téid — ri Buidheann nan Adhartach, fo'n ceannard iomraiteach, “Curaidh nan ciad cath,” an T-ARD-URRAMACH UILLEAM EWART GLADSTONE. Tha Mr. Gladstone e fhéin air a ghuth a ’thoirt gun tilleadh air son an Eaglais Stéidhichte a sgaradh o’n Chrùn agus a cur air an aon làraich ris na h-Eaglaisean eile, ann an Albainn agus ann an Cuimrig. Tha na h-aobharan a thug dha an céum so a ghabhail ro bhrioghmhor agus fìor airidh air an cnuasachadh. Chaidh, uime sin, an oidhirp a leanas a dhèanamh gu bhith a’ cur an làmhnan Chlanna nan Gaidheal, na’n cainnt bhlasda fhéin, dà òraid a rinn Mr. Gladstone—a’ chiad té anns a’ Phàrlamaid, air an 2 là de Mhìos Màigh, agus an darna té ann an Dail-ché, air a’ 25 là de Mhìos October, an uiridh—mu EAGLAIS STÉIDH-ICHTE NA H-ALBA, agus GNOTHAICHEAN ALBANNACH EILE.

EAGLAIS STEIDHICHTE NA H-ALBA.

OROID A RINNEADH ANNS A' PHARLAMAID, AIR
AN 2 LA DE MHIOS MAIGH, 1890.

MHEAS an t-Uasal urramach a tha dìreach an déigh suidhe (Mr. Seumas A. Caimbeul), iomchuidh iomradh a dhéanamh air briathran a labhair mise roimhe so, agus a dh'ionnsaidh an till mi a thiota. Dh'ainmich e cheana taisbeanadh a thug muinntir Siorramachd Dhun-éideann, a réir mar tha esan ag ràdh, a nochdadh gun robh a' chuid mhór de 'n luchd-taghaidh anns an t-siorramachd sin—tha e ag ràdh gu bheil 67 as a' chiad diùbh—an aghaidh a bhith a' sgaradh Eaglais na h-Alba bho 'n Chrùn. Mur 'eil mo mheomhair ga m' mhealladh, cha do ghabh an taisbeanadh sin a stigh uile sgìreachdan na siorramachd; ach is ann a chaidh cuid de na sgìreachdan sin fhàgail air chùl, air son aobharan a bha, gun teagamh, taitneach dhaibh-san a bha a' cur air adhart an taisbeanaidh. Chan 'eil a rùn orm dol gu connsachadh mu 'n taisbeanadh sin, a chionn, na 'm fèuchamaid ri meas cothromach a dhéanamh air, cha bhìomaid ach, ma dh' fhaodteadh, a' brosnachadh droch rùn. Chan abair mi, mar fhreagradh do m' charaid, ach gum freagair mi gu toileach do luchd-taghaidh Siorramachd Dhun-éideann air son mo ghiùlain an co-cheangal ris an taisbeanadh sin, agus air son na vote a tha mi a' dol a thoirt a nochd; agus, chan e mhàin sin, ach bidh mi an comain na h-Uachdaranachd agus an Uasail urramaich, ma nì e a dhìchioll gus an Uachdaranachd a ghluasad gu cothrom a thoirt domh gu sin a dhéanamh cho luath 's a thogras iad. Chan 'eil teagamh agam nach faigh an t-Uasal urramach a làn riar an sin air son na cuid so d' a uirghioll co-dhiùbh.

Tha uirghioll an Uasail urramaich a' togail am ìntinn-sa na ceiste so—Ciod iad na prìomh aobharan air son a bheilear a' seasamh Eaglais Steidhichte na h-Alba? Cha d' fhuair sinn uaith, o thoiseach gu deireadh, ach mion bheachdan a nochdadh cho ion-mholta agus cho fiachail 's a tha Eaglais na h-Alba, ann an gnìomhachas agus ann an dùrachd a cuid sluaigh, rud nach 'eil aon sam bith a 'cur an teagamh, no a nochdadh nach 'eil uiread de bhrìgh ann an earrannan sònraichte de 'n fhiannis a tha an dream a tha air son a sgaradh o 'n Chrùn a' togail, 's a tha iad fhéin a meas. A dh' aon fhacal, cha robh an t-Uasal urramach a' sealltainn air a' bhàrr a bha air an achadh, ach air diasan a bha e a' togail an sud 's an so. Bha e ag oidhirpeachadh

cùis na h-Eaglais a dhìon agus a sheasamh air bonn chrìomagan faoine a chuir e mar so r'a chéile. Bu cheart a thuir, ma 's math mo bheachd, Fear-ionaid Taobh an Ear Siorramachd Abar-eadhain, gur ann orrasan a bha a' creidsinn ann an ceartas eaglaisean stéidhichte a bha an t-uallach a' laighe fianuis a thoirt as an leth. [Guth, "O, O."] Nach ann mar so a tha a' chùis? ["Chan ann, chan ann."] Nach ann? ["Chan ann."] Agus a bheillear a' tagar, an uair a tha aon eaglais àraidh air a cur an seilbh air airgiod na Rìoghachd, a tha air a chumail a dhìth air càch, nach 'eil comain sam bith air an eaglais a tha an seilbh air an t-sochair sin a bhith a' nochdadh aobharan air son na roghainne? Is e so beachd nan Uaislean a tha a' glaothaich, "Chan ann." Chan 'eil mise ag ràdh co-dhiùb a tha iad a' nochdadh aobharan no nach 'eil; ach tha mi ag ràdh gur e an dleasnas aobharan a nochdadh. Ciod iad na h-aobharan air son an faodar eaglais stéidhichte a sheasamh? Chan 'eil mi a' dol a rann-sachadh na ceiste so air bonn fhìrinnean bunaiteach. Tha cuid anns an Tigh so a tha ga leagail sìos mar làrach an creidimh, ann an cùisean riaghlaidh, nach gabh eaglais stéidhichte seasamh air aon chor no cor eile. Chan 'eil a mhiann orm a' cheist a chothachadh air an làraich sin, agus tha mi a' fàgail an tagraidh sin a leith-taobh, gun a bhith aon chuid a' cur leis no na aghaidh. Tha mi a' sealltainn air a' ghnothach so mar ghnothach a bu chòir a bhith air a shuidheachadh a réir a chòir agus a dhlighe fhéin, le sùil ri uireasbhuidhean agus cùisean sònraichte na h-Alba.

A nis, ma tà, tha mi a' feòraich, Ciod iad na h-aobharan air son an gabh tagradh dèanamh as leith eaglais stéidhichte? Cho fad 's is fiosrach mise, is iad so a ghnàth na ceithir aobharan: a chionn gun robh an eaglais stéidhichte a' dèanamh deagh oibre shònraichte anns an dùthaich—mar a tha a bhith a' gabhail cùraim do na bochdan—nach biodh e comasach do bhuidhinn sam bith eile a chur an gnìomh; no gun robh i a' taisbeanadh as leith fhìrinnean agus theagasgan sònraichte nach b'urrainn do bhuidhinn sam bith eile a sheasamh cho foghain-teach; no gum b'ise an eaglais d'am buineadh a' chuid gu mór a bu mhò d'an t-sluagh; no, air a' cheann mu dheireadh, gum b'ise an eaglais d'am buineadh a' chuid gu mór a bu mhò d'an t-sluagh, no, ged nach buineadh iad di, gun robh toil aca a cumail air a bonn mar Eaglais Stéidhichte na Dùthcha. Is iad sin na h-aobharan a tha gu coitcheann air an cur air an adhart agus, theagamh, a bhiodh éifeachdach gu thoirt air a' chuid mhóir de dh' Uaislean an Tighe so seasamh suas am fàbhor eaglais stéidhichte. Ach ciamar a ghabhas aon sam bith de na ceithir comharran sin dearbhadh ann an aobhar Eaglais na h-Alba? Is i sin a' cheist a tha a rùn orm a chur gu dèuchainn.

Cha ruig sinn a leas a bhith ag ràdh gu bheil Eaglais na h-Alba a' dèanamh oibre mhaith. Is buidheann i de dhaoine, a neo-chléir co-dhiùb, a sheasas gu math an coimeas ri sluagh eaglaisean eile, agus tha gach neach ag aideachadh mèud dìlseachd a cuid cléire air chùl an dleasnasan; ach tha na subhailcean sin a cheart cho soilleir anns na h-uile h-eaglaisean eile a tha ann an Albainn, agus, uime sin, is comharran iad nach 'eil air dhòigh sam bith na'm bonn air son a bhith ga cur an inbh eadar-dhealaichte bho chàch. Agus air son nam bochd, is e

mo bharaill nach biodh stàth ann a bhith a' tagar gun robh gnothach sònraichte sam bith aig Eaglais Stéidhichte na h-Alba ri bochdan na dùthcha sin, ach a mhàin an gnothach a tha aig uile eaglaisean na dùthcha riù; is e sin a bhith a' saothrachadh air son am buannachd; agus leis a sin chan 'eil an t-aobhar a dh'ainmich mi ann air son a bhith a' deanamh roghainn d'an Eaglais Stéidhichte.

A ris, ma tà, mu thimchioll a bhith a'togail fianuis as leith fhìrinnean àraidh (tha mi a' buntainn ris a' cheist so mar cheist a bha na bu fhreagaraiche aig àmannan a chaidh seachad ann an eachdraidh na dùthcha na air son aon chudrom mór a bhiodh innte an dràst); bha e gu làidir air a thagar as leith Eaglais na h-Eireann gun robh e féumail gun rachadh a cumail suas mar dhaingneach an aghaidh na buaidh a bha, no a bhàtar am beachd a bha, no a dh' fhaodadh a bhith, aig an Eaglais Phàpanaich anns an dùthaich sin. Ach a bheil Eaglais Stéidhichte na h-Alba dol a bhith ga cumail suas a chionn gur i a mhàin, no air mhodh sònraichte, a tha a' dìon teagasgan a' chreidimh Phresbyterianaich ann an Albainn? Cha bhiodh e ach na chùis-mhagaidh a bhith a' cur suas a leithid sin de thagradh as leith Eaglais Stéidhichte na h-Alba. Ma tha ri 'm faighinn ann an Albainn muinntir a tha gu sònraichte agus gu comharraichte na 'n luchd-coimhead air an Ath-leasachadh Albannach agus air a theagasgan, tha iad ri 'm faighinn, chan ann an Eaglais Stéidhichte na h-Alba, ach ann an Eaglais Shaor na h-Alba, agus anns an Eaglais Aonaichte Phresbyterianach. Is iad so an sluagh a tha a' dìon teagasgan sònraichte an Ath-leasachaidh; agus chuir e iongantais orm an uair a chuala mi an t-Uasal urramach a tha mu m' choinne ag innseadh dhuinn gu faicilleach gun robh Eaglais na h-Alba an tomhas mór ann an co-sheasamh ris an Eaglais Shasunnaich, cho fad 's a bhuneadh do 'n àite a bha i a' lìonadh anns an dùthaich sin. A réir coltais tha an t-Uasal urramach a' dubhadh a mach as a chuimhne gach nì a thachair bho là Ban-rìghinn Màiri na h-Alba gu àm an Aonaidh eadar Albainn agus Sasunn. Ciod an dàimh a bha eadar Phresbyterianaich na h-Alba agus càirdean na h-Eaglaise Sasunnaich ann an Albainn ri linn Rìgh Uilleam III., agus aig àm an Aonaidh? Tha eachdraidh na dùthcha so—eachdraidh a tha fìor chliùiteach ann an iomadh dòigh, air son an tagraidh dhèdnaich agus ghaisgeil a rinn an sluagh as leith breith an cogaisean—tha eachdraidh na dùthcha calg-dhìreach an aghaidh briathran an Uasail urramaich agus a' cur an céill gur ann a bha anns an àm sin còmh-stri ghéur eadar càirdean na h-Eaglaise Sasunnaich agus Phresbyterianaich thréidhìreach agus thàbhachdach na h-Alba. Chan 'eil mi dol a bhuntainn ris a' cheist co-dhiùbh a tha eaglais stéidhichte na fàth-gearain dhaibh-san nach buin di; ach tha mi a' meas nach 'eil e na nì gu tur mi-réusonta gun sealladh Eaglais Shaor na h-Alba agus an Eaglais Aonaichte Phresbyterianach oirre mar chùis-ghearain ann an Albainn; agus sin air son an dà aobhair so. Anns a' chiad àite, is iadsan a chaidh a mach do 'n fhàsach, mar gum b' eadh, a' cur dhiùbh uile shochairan aimsireil an Stéidheachaidh, agus a' gabhail orra fhéin, gun dàil sam bith, uallach a bhith a' deanamh solair air an son fhéin, chan ann idir a chionn gun do

charaich iad on t-seann làraich Phresbyterianaich sin, ach a chionn gun robh rùn aca a bhith ga dìon na h-uile neart agus na h-iomlanachd ; agus anns an darna h-àite, a chionn anns a' bhliadhna 1874 gun d' thàinig Achd sònraichte a mach an co-cheangal ri Patronachd anns an Eaglais. Cha b' urrainn ach aon chrìoch a bhith aig an Achd sin — agus tha mi gu saor ag aideachadh gur e mo bharaid gum b' e sin a bu rùn sònraichte do 'n Achd—is e sin, a bhith a' tarraing air an ais, uidh air n-uidh, duine an déigh duine, cho fad 's a ghabhadh e dèanamh, as an Eaglais Shaoir agus as an Eaglais Phresbyterianaich Aonaichte—agus gu sònraichte as an Eaglais Shaoir—na muinntir sin a cho-éignich iad anns a' bhliadhna 1843 gu bhith a' gabhail mar uallach solar a dhèanamh air an son fhéin.

A réir beachdan an là 'n diugh, is dòcha gur e aon is cothromaiche de na h-aobharan a dh' ainmich mi as leith eaglais steidhichte, gur ann di a bhuineas a' chuid is mò de shluagh na dùthcha. Ach an i Eaglais Phresbyterianach na h-Alba eaglais na cuid is mò d' an t-sluagh ?

Mr. SEUMAS A. CAIMBEUL :—Gun teagamh is i.

Mr. GLADSTONE :—Tha sibh a' tagar, ma tà, gur i, gun teagamh, eaglais na cuid is mò d' an t-sluagh ?

Mr. SEUMAS A. CAIMBEUL :—Tha.

Mr. GLADSTONE :—Tha dànachd an tagraidh sin a' cur iongantais orm. Tha mi an dòchas gum faigh an t-Uasal urramach cothrom air a chòmhdach agus a dhearbhannean a thoirt a làthair ; ach is ann a tha mise a' faicinn so : mar a chuala sinn mu dhream a tha na 's Rìoghala na an Rìgh agus na 's Pàpanaiche na am Pàpa, tha againn na shuidhe anns an Tigh so Duin-usal a tha a' tagar as leith Eaglais Stéidhichte na h-Alba, agus a tha toileach a dhearbhadh, tuilleadh agus a tha luchd-gnothaich na h-Eaglaise Stéidhichte fhéin a' tagar air a son.

Sir GILLEASBUIG CAIMBEUL :—An Eaglais Phresbyterianach.

Mr. GLADSTONE :—Gabh mo leiseag, is ann a thuirt mise an Eaglais Stéidhichte. Chan fhaod e bhith gu bheil Duin-usal sam bith am beachd gu bheil mi ag ràdh nach i an Eaglais Phresbyterianach eaglais na cuid is mò d'an t-sluagh. An aite sin is ann chaidh a sparradh oirbh, ma dh'aontaicheas sibh ri iartras mo charaid (Dr. Camaron),* gum bi sibh a' leagail làraich air son a bhith ag ath-aonadh r'a chéile na'n aon eaglais mhóir trì cheithreamhnan de shluagh na h-Alba. Tha e air aideachadh, ma tà, nach i an Eaglais Stéidhichte eaglais na h-earrainn is mò. [“ Chan 'eil.”] Mur 'eil e air aideachadh leis na h-Uaislean a tha mu m'choinne, tha e air aideachadh le luchd-gnothaich na h-Eaglaise Stéidhichte, oir chraobh-sgaoil iad 'n ar measg, air son ar fiosrachaidh, sgrìobhadh a tha a' cur an cùis an céill, mar a bu dùth gun cuireadh iad an céill i, anns an t-seòl a b'fhàbhoraiche a ghabhadh e dèanamh. Agus ciod a tha iad ag ràdh ? Tha iad a' toirt dhuinn an àirinn phòsaidhnean a chaidh a dhèanamh le ministearan nan eaglaisean fa leith ann an Albainn, agus a réir a' chunntais so, chaidh beagan fo 47 pòsadh as a' chiad a dhèanamh le ministearan na h-Eaglaise Stéidhichte. Tha mi a' tuigsinn gu bheil

* Gun rachadh an Eaglais a sgaradh o' n Chrùn.

an t-Uasal urramach a' còmhach a réir na dòigh chùntais aige-san gu bheil 47 as a' chiad na 's mò na 53 as a' chiad. No, mur 'eil so mar so, is i an Eaglais Stéidhichte a réir tagradh a luchd-dìon eaglais na bloidh is lugha d' an t-sluagh. Feumaidh mi a ràdh, gur e mo bharail gu bheil an aireamh sin a' cur cor na h-Eaglaise Stéidhichte ann an solus tuilleadh's fàbhorach. Na'n gabhteachd am modh cùntais céudna ann an Sasunn, tha mi am beachd, a réir àireamh nam posaidhnean, gum buineadh os cionn trì as gach ceithir d' an t-sluagh do 'u Eaglais Stéidhichte. Tha fhios aig a' h-uile duine gu bheil àireamh nam pòsaidhnean ag ainmeachadh air an Eaglais Stéidhichte barrachd agus a bhuineas di.

Tha e air aideachadh gur i Eaglais Stéidhichte na h-Alba eaglais na beag-earrainn. Cia mar a tha a' chuis a thaobh a' cheathramh aobhair a dh' ainmich mi—is e sin, ged theagamh nach eil an Eaglais Stéidhichte a' nochdadh faireachdainnean agus tograidhean na mor-earrainn d'an t-sluagh, gur e toil na mor-earrainne gum biodh i air a cumail suas mar Eaglais Stéidhichte na dùthcha. A réir mo bharail-sa is ceist so is còir dhuinn a sgrùdadh gu mion agus gu buileach. B'e mo charaid uasal Moraire Hartington a bu cheannard air Buidheann nan Adhartach anns a' Phàrlamaid 's a' bhliadhna 1877, aig an àm a thuir e na facail so, ris an deachaidh éisdeachd gu gearail:—

“Chan 'eil agam r'a radh ach an uair a bhios barail na h-Alba, no eadhon barail Adhartaich na h-Alba, air tighinn gu lan ire mu 'n chùis so, is e mo bharail gum faod mi a ràdh as leith nan Adhartach gu h-ìomlan mar bhuidhinn gum bi iad ullamh gu buntainn ris a' chùis.”

An déigh do m' charaid uasal an t-aideachadh so a dhèanamh, ghabh mi cothrom gun dàil air innseadh gu robh mi a' làn aontachadh leis anns na thuir e. A réir rùn na baraile so, dh' fheith mi gus an tigeadh dearbhadh na cùise—a réir na dòigh a b'fheàrr a bha agam gu breith a thoirt—gu bhith soilleir agus do-àicheadh. Tha mi am barail gun do ràinig sinn an comharra sin a nis. Chan urrainn domh a chur an teagamh gu bheil fianuis sluagh na h-Alba mu'n cheist so gu leòir gu so fhàgail soilleir do dh'inntinnean uaislean an Tighe so, ma tha iad a' creidsinn ann a bhith a' riaghladh na dùthcha le Pàrlamaid air a taghadh leis an t-sluagh. Faodaidh an t-Uasal urramach a tha an déigh suidhe bruidhinn mu iarrtas an chaidh a chur a stigh, agus cùl a chur ris a' cheist, Dé an teachdaireachd leis an d'fhàinig an Luchd ionaid a rinn sluagh na h-Alba a thaghadh? Ach tha mise ag ràdh gur còir dhuinn géur aire a thoirt do ghuth na h-Alba mar a tha e air a chur an céill troimh 'u Phàrlamaid. A réir mo bharail-sa, ge b'e air bith dé am beachd a ghabhas daoine air a' ghluasad, biodh e mór no beag, a tha iad a' deanamh an dràst an Albainn air son Pàrlamaid dhaibh fhéin anns an dùthaich sin, ge b'e dé am beachd a ghabhas gach duine fa leith mu thimchioll, cha bu chòir dàimh a bhith aige, agus is gann is urrainn da easaontachd a bhith aige, ris an iarrtas a rinn mo charaid urramach. Ma tha sinn am fàbhor a bhith a' cur suas Pàrlamaid ann an Albainn, cuiridh sinn ar n-aonta le m' charaid, ach ma tha neach an aghaidh Pàrlamaid a thoirt do dh' Albainn, no ma tha neach toileach feitheamh gun bhreith a thoirt gus am bi làn shoilleireachadh

aige mu'n chùis, ma tha toil aige fuireach bho bhith a' sparradh air aghaidh gu mì-nàdurra no gu mì-thuaireamach an tagraidh air son Pàrlamaid ann an Albainn, is e an rud is glieca is urrainn da a dhèanamh a bhith a' toirt làn chothrom, agus làn aire, agus làn bhuidhe, do'n fhreagrachd a bheir muinntir Albainn an co-cheangal ri cùisean na h-Alba.

Tha mi toilichte a bhith a' faicinn Ard-Rùnaire na h-Eireann na àite fhéin an so, oir tha toil agam beagan a ràdh air faicil a labhair e mu'n cheist so roimhe. Thug e air adhart aig an àm sin, agus thug e dhuinn gu h-uailleil rud a shaoil e a bhiodh na bhòcan a chuireadh bacadh oirnn anns a' chùrsa a bha toil againn a ghabhail. Thuir e—

“Ma tha sibh a' tagar gun téid gnothaichean Albannach a shuidheachadh a réir beachdan nan Albannach, féumaidh sibh aig a' cheart àm a thagar gun téid gnothaichean Sasunnach a shuidheachadh a réir beachdan nan Sasunnach. Agus ma tha sibh a' dol a ghluasad air a' bhonn sin c'áite 'm bi sibhse, Buidheann nan Adhartach, an sin? a chionn, o 'n bhliadhna 1868, cha robh a mhór-carrann d'an t-sluagh g'ur leantainn.”

Sin agaibh an rud a thuir an t-Uasal urramach — briathran maoidheach, bagarrach, briathran briagha agus eireachdail gu leòir na'm biodh am bonn a bu lugha de dh'fhìrinn annta. Tha e na chleachdamh aig an uasal so a ghlacadh mar fhìrinn an rud sin a bu mhian leis a bhith fìdè, na's lugha na bhios fios aige nach 'eil e fìor. Tha an rud a thuir e gu tur mearachdach. Chuir e m'ar coinne na briathran ro-iongantach so—gun robh a mhór-carrann de mhuintir Shasunn an aghaidh aobhar nan Adhartach o'n bhliadhna 1868. Ciamar a tha a' chùis a' seasamh? Tha mar so. An uair a bha a' mhór-carrann anns an Tighe so aig na h-Adhartaich, bha a' mhór-carrann againn ann an Sasunn cuideachd. Chaidh còig Pàrlamaidean ùra a thaghadh o'n àm sin. Ann an trì dhiùbh bha a' mhór-carrann air taobh nan Adhartach agus ann an dà dhìth dhiùbh air taobh nan Tòraidhean. Ann am Pàrlamaid na bliadhna 1868 bha a' mhór-carrann aig na h-Adhartaich, agus bha 42 de Shasunnach aca a bharrachd agus a bha aig na Tòraidhean. Ann am Pàrlamaid na bliadhna 1880 bha a' mhór-carrann aig na h-Adhartaich, agus 79 a bharrachd de Shasunnaich. Ann am Pàrlamaid na bliadhna 1885, a ris, bha a' mhór-carrann aig na h-Adhartaich, agus 47 a bharrachd de Shasunnaich. Faodaidh mi, uime sin, dà nì a ràdh. Anns a' chiad àite, is beag is aithne do'n Uasal urramach dé a' ghnè a tha anns na h-Adhartaich, ma tha e a' smaointeachadh, seach gun eireadh dochair do 'n Bhuidhinn aca, gu bheil iad ullamh gu bhith a' fòirneadh shuidheachainnean éucorrach air Albainn agus a' diùltadh dhi a còraichean. Bu bhriathran iad sud a bhiodh gun teagamh gle chumhachdach na 'n robh iad fìor, ach chan 'eil annta ach faoin-sgeul a chaidh a ghintinn ann an eanchainn innleachdach an Uasail urramaich e fhéin.

Sin, ma tà, mar bha a suidheachadh nan Adhartach ann an Sasunn. Ciamar, a nis, a tha a' chùis, agus ciod mar a thàinig barailen slugh na h-Alba air an aghairt o chionn ghoirid? Tha an t-Uasal urramach a tha an déigh suidhe ag ràdh, a chionn gun deachaidh barail an Tighe so a ghabhail dà uair, nach 'eil mi na's fhaide dol a chumail orm fhéin mar a rinn mi anns a' bhliadhna 1888,

agus gu bheil mi bràth mo ghuth a thoirt air son a bhith a dì-stéidheachadh Eaglais na h-Alba. Tha e fìor gu leòir gu bheil mi a' cur romham mo ghuth a thoirt mar a tha e ag radh, ach chan 'eil e fìor gu bheil mi dol a dhèanamh sin a mhàin a chionn gun deachaidh comhairle an Tighe so a ghabhail dà uair. Is fhéudar dhomh ìnneadh do'n Uasal urramach gu bheil mòran tuilleadh air fhilleadh ann an suidheachadh na cùise na gun d'fhuaradh beachd an Tighe so dà uair m'a timchioll. Dé a' chomhairle a thug an Tigh so an dà thuras sin, agus dé na comharran eile a tha againn a nis air mar tha barail dhaoine a' dol ann an Albainn? Anns a' chiad àite, their mi gu bheil e fìor gu leòir gun deachaidh sith-réite a dhèanamh anns a' bhliadhna 1885, agus dh'aontaich sinn nach biodh an taghadh a rachadh a dhèanamh air Pàrlamaid ùir anns a' bhliadhna sin, air a mheas mar fhianuis—co-dhiùbh ann an Prìomh Bhaile no ann am Prìomh Shiorramachd na h-Alba—air aon taobh no taobh eile de cheist na h-Eaglais. Chaidh an réite sin a thoirt gu crìch, a réir mo bharail-sa agus barail dhaoine eile, le oidhirpean comasach an Uasail fhòghluimte agus Urramaich a tha a' suidhe an so as leith Baile Inbhir-Nis. Dhiùlt e gnùis a thoirt do'n chòrdadh sin agus thairg e dhuinn Achd a rinn e a dheilbh—Achd a mheas cuid againn mar chéum dlùlain; agus chuir e, mar so, bun os cionn gach còrdadh a rinn sinn. Ciamar sam bith a bha sin, chaidh an gnothach gu buileach as aithne ann am Pàrlamaid na bliadhna 1885. Bho 'n àm sin tha e fìor gun d'thug an Tigh so a bharail dà uair, agus tha sinn dol g'a toirt a nochd air son na treasamh uaire. Ach a bhàrr air so, nach 'eil sìon eile f'ar comhair a nochd? Anns a' chiad àite tha so againn — gun d'thug a' bhloidh mhór de 'n Luchd-Pàrlamaid Albannach an guth an dà uair sin air Taobh an Eaglais a dhì-stéidheachadh. Ciamar bha an àireamh air gach taobh? Gabhaidh sin cur an céill ann am beagan fhacal. Ann an Roinn na bliadhna 1886, bha 24 d'an Luchd-Pàrlamaid Albannach air taobh Dì-stéidheachadh na h-Eaglais; 16 na aghaidh; agus 32 nach do ghabh cuid anns an Roinn. Is e sin ri ràdh, thug trì d'an Luchd-Pàrlamaid Albannach an guth am fabhor Dì-stéidheachaidh air son gach dithis a bha na aghaidh; agus bha teann air darna leith an Luchd-Pàrlamaid Albannach nach d'thug an guth idir. Sin agaibh mar tha a' chùis do m' thaobh-sa, agus so an rud a tha mi a' tagar—nach e a mhàin gu bheil guth Luchd-Pàrlamaid na h-Alba am fabhor Dì-stéidheachaidh, ach gu bheil an guth sin a fàs air an taobh chéudna; gu bheil gluasad suidhichte, cìnn-teach, ann an Albainn, a tha soilleir ri fhaicinn, agus e gu coimhionta a' ruith anns an aon rathad. Bha sin anns a' bhliadhna 1886. D'e a thachair anns a' bhliadhna 1888? Anns an Roinn a rinneadh aig an àm sin thug 40 d'an Luchd-Pàrlamaid Albannach an guth air son Dì-stéidheachaidh; 20 na aghaidh; agus bha 12 nach d'thug an guth idir. An àite triùir mu choinne gach dithis, bha dithis mu choinne gach aoin am fabhor Dì-stéidheachaidh; agus an àite darna leith, no faisg air darna leith, an Luchd-Pàrlamaid Albannaich a bhi as a' chunntas, cha robh air chall ach an sèathamh cuid diubh. Agus ciamar a bha a' chùis a thaobh na mór-earrainn anns an Tigh so, air a dhèanamh suas de Luchd-Pàrlamaid Sasunnach, a' mùchadh na fianuis a tha ga toirt as leith na

h-Alba agus i air a còmhnaidh le Cuimrig agus le Eirinn. Anns a' bhliadhna 1886, bha 112 de bharrachd an aghaidh Dì-stéidheachadh na h-Eaglais; anns a' bhliadhna 1888, cha robh ann ach 52 de bharrachd. An robh taisbeanadh sam bith eile ann againn an sin air mar bha beachd Albainn aig an àm sin? Chunnaic sinn gun robh a mhór-earrann Albannach a' dol am mèud, gun robh an àireamh a sheas a thaobh anns an Roinn a' dol an lughad, agus gun robh a' bhloidh mhór anns a' Phàrlamaid gu léir a' dol an lughad. A bheil fianuis sam bith eile againn? Tha; an Luchd-Pàrlamaid a chaidh a thaghadh bho thoiseach na Pàrlamaid so. Tha an t-Uasal urramach ag ràdh gun do rinneadh dà thaghadh ann an Albainn, agus tha e ag iarraidh oirnn beachd shuagh na h-Alba fhòghlum bho 'n dà thaghadh sin. Gabhadh e sealladh is farsainge. An àite bhith a' gabhail beachd air an dà thaghadh sin, a thachair mar tha e ag ràdh ann an Albainn, sealladh e air na ceithir-taghadhnean-déug a rinneadh ann an Albainn bho àm taghadh na Pàrlamaid anns a' bhliadhna 1886. As na ceithir-taghadhnean-déug sin chaidh trìuir uaislean a chur an so a thoirt an guth an aghaidh Dì-stéidheachadh na h-Eaglais, agus aon-ualsal-déug na fhàbhor; agus chan ann air thuaiream a rinneadh so, ach an déigh do 'n chùis a bhith air a làn mhìneachadh agus air a rannsachadh, agus air a cur an làthair an t-sluaigh anns gach dòigh a ghabhadh sin dèanamh. Féumaidh mi a ràdh, nach fhaic mi gu bheil teagamh, aon chuid mu chor inntinn na h-Alba, ma ghabhas sinn an dòigh ghnàth-aichte, laghail, air sin fhòghlum, no mu 'n rathad a tha an inntinn sin a' gluasad.

Is fhiach e an t-saothair iomradh a thoirt air taisbeanadh eile air a tharraing bho ghnìomh na h-Uachdaranachd fhéin, no, co-dhiùbh, bho ghnìomh na buidhne a chuir an Uachdaranachd air leith. Bidh cuimhne agaibh gun d'fhug sinn oidhirp an uiridh air Achd a dheilbh a chum atharrachadh a dhèanamh anns an lagh a thaobh aidmheil luchd-teagaisg diadhaireachd anns na h-Ard-Oil-thighean. Dhiùlt an Uachdaranachd an t-atharrachadh a bha sinn ag iarraidh, ach air a shon so, chunnaic iad cor chùisean cho soilleir gun do rinn iad dòigh air Buidheann a shònrachadh, le toil na Ban-rìghinn, a chum an gnothach a rannsachadh. Rinn a' Bhuidheann sin na chaidh carbsadh riù, agus tha mi an dùil gun do chuir iad cruinn na bha dh' fhianuis aca ri ghabhail. Tha mi am barail nach 'eil mi am mearachd an uair a their mi, gu bheil làn dùil ann an Albainn gun comhairlich a' Bhuidheann sin gun téid an cearcal a tha a' ceangal teagasg na diadhaireachd anns na h-Ard-Oil-thighean ri eléir na h-Eaglaise Stéidhichte a mhàin, a chur gu buileach as aithne, no gun téid atharrachadh mór a dhèanamh anns an lagh a tha a' riaghladh na cùise. Tha mi ag ainmeachadh so a chionn nach 'eil toil agam fianuis chlaon-bhreitheach aithris. Chan 'eil mi ach ag aithris beachd na h-Alba gu coitcheann, cho fada agus is aithne dhòmhsa e. Tha mi ga ainmeachadh mar thaisbeanadh eile air an dùsgadh a tha ann an Albainn, agus air beachdan nan Adhartach mu 'n chùis.

Tha an t-Uasal urramach ag ràdh “gur coir a' Phàrlamand a chur mar sgaoil agus Pàrlamand ùr a thaghadh mu 'n ghnothach; gum bu chòir a chuis a chur, a dh'aona ghnothach, gu ràdh an t-sluaigh, gun i

a bhith air a cur an luib cheistean sam bith eile.” A nis, a bheil a chomhairle so dealbhach ? Is e a tha innte iartas gun téid a’ Phàrlamaid a chur mar sgaoil, agus Pàrlamaid ùr a thaghadh a dh’aona ghnòthach air son a bhith a’ gabhail os làimh cùis Eaglais Stéidhichte na h-Alba ; gum bi an dà fhichead muillion (40,000,000) sluaigh a tha ag àiteachadh na Rìoghachd so air an gairm gu bhith a’ taghadh Pàrlamaid ùir, agus a’ toirt cumhachd-riaghlaidh di fad sheachd bliadhna, a dh’aona ghnòthach air son a bhith a’ socrachadh co-dhiùbh a tha no nach ’eil dùthaich a tha comharraichte thar gach dùthcha, a bhàrr, theagamh, air America, air son mèud agus riaghailteachd a saor thabhartais d’ a cuid eaglaisean, gu bhith air a ceadachadh a bhith a’ mealtainn a dhà no trì chiadan mìle pund Sasunnach anns a’ bhliadhna ! Cha chreid mi, an uair a chì an t-Uasal urramach a chomhairle fhéin anns an riochd so, gun smaointich a gun téid gabhail rithe air chor sam bith. Tha fhios againn gu làn mhath, le ’r cead, ciod è barail muinntir Albainn, agus ma tha sinn a’ creidsinn ann an riaghladh Phàrlamaidean idir, ma tha sinn a’ creidsinn ann a bhith a’ riaghladh dhaoine troimh an luchd-ionaid taghte fhéin—agus cha chreid mi gun abair an t-Uasal urramach e fhéin facal na aghaidh sin —féumaidh sinn gnìomharan tric agus beachdail nan daoine a thagh an slugh a dhéanamh an gnothaich anns an Tigh so a ghabhail mar fhianuis—agus chan ’eil fianuis eile againn—air na fìor bheachdan a tha air an altrum leis an t-sluagh.

Cha chreid mi gum facas dùthaich riamh anns a bheil e cho furasda an Eaglais a dhì-stéidheachadh ri Albainn, no far an faodteadh an sgaradh a dhéanamh air cho beag luasgain agus dragha. Tha an t-Uasal urramach ag ràdh gur e caochladh is mò a thàinig o àm an Aonaidh. Tha mi gu tur d’ an chaochladh bharaill, agus tha mi a’ tagar gun aidich e fhéin mar dhuine firinneach, ceart, nach biodh an deichead cuid d’ an ainneart ann a thachair aig Dealachadh 1843. Chuir seachd mìle (700,000) de shluagh Eaglais na h-Alba agus an earraim a bu mhò de mhinistearan an àma sin, cùl, a dh’aona bhéum, ri sochairean an stéidheachaidh, thug iad thairis an eaglaisean, thug iad thairis an tighean-sgoile, thug iad thairis an Oil-thighean agus an tighean-còmhnaidh a bha mar fhasgadh aig an mnaithean agus aig an cloinn, agus ghabh iad a mach, ag earbsadh anns an Fhreasdail, gu bhith a’ faighinn dhachaidhean eile far an faodadh iad. Dé an cruaidh-chas a b’ fhiach a choineas ris a sin a b’urrainn tachairt leis a’ chaochladh so ?

Faodaidh caochladh-bheachd a bhith aig muinntir mu ’n spiorad leis an bu chòir caochlaidhnean d’ an glhè so a bhith air an dèanamh, agus is e mo bheachd suidhichte fhéin gum bu chòir an dèanamh le làimh shuairc agus bhàigheil. Faodaidh mi ann an so iomradh a dhéanamh air Dì-stéidheachadh na h-Eaglais Eireannaich. Chan ’eil mi a’ ciallachadh Achd an Dì-stéidheachaidh mar a thàinig e a mach air a’ cheann mu dheireadh, oir chaidh caochlaidhnean a dhéanamh ann, aig iartas Tigh-nam-Morairean, nach b’ urrainn domh aig an àm a sheasamh ; ach an t-Achd mar a dh’ fhàg e an Tigh so aig an toiseach, tha mi ag ràdh gun robh ann eisimpleir air gnàthachadh ceart agus bhàigheil ; agus tha mi an dòchas an uair a thig an t-àm anns an téid

an rian céudna a chur an cleachdamh ann an ceàrn eile d' an Rìoghachd, gum bì e air a chleachdamh leis a' bhàighealachd agus leis a' chothrom cheudna. Tha ceartas a' combarrachadh a mach na dòighe so, agus tha mi dearbhte gu bheil e cho glic 's a tha e ceart. Cha bhiodh e doirbh dhuinn a dhearbhadh nach 'eil a bhith an seilbh air sochairean sònraichte a' toirt còir dhaibhsan a tha ga 'n seallbhachadh air a bhith ga 'm mealtainn anns an àm ri teachd ; ach anns an dùthaich so, tha sinn a' cleachdamh, ann an cùisean nan eaglaisean, agus ann an cùisean saoghalta, anns gach gnòthach beag agus mòr a bhuineas do riaghladh na Rìoghachd, tha sinn a' cleachdamh atharrachadh dòighe ; agus an uair a mheasar gu bheil sochairean àraidh mì-chothromach no mì-ghlic, tha luchd-sealbhachaidh nan sochairean air buntainn riù gu bàigheil agus gu fialaidh. Ciod è cuis Eaglais na h-Alba ? Is e mo bharrail nach 'eil cùis ann cho so-thuigsinn ri cùis na h-eaglaise sin. Cluinnidh sinn muinntir a' bruidhinn mu bhith a' dèanamh dealachaidh eadar a bhith a' toirt air falbh *aideachadh* a' Chrùin agus *airgiod* a' Chrùin bho 'n Eaglais ; ach mur toirear uairpe airgiod a' Chrùin cha bhiodh ann an Di-stéidheachadh na h-Eaglais ach faileas. Chan 'eil cumhachd saoghalta, chan 'eil mì air an gabhar làimh cur, aig Eaglais na h-Alba, a mach bho shochairean pàidheadh a cuid cléire. Chan 'eil teagamh agam nach dèanteadh aideachadh saor air na chaidh a bhuileachadh air an Eaglais le a càirdean fhéin. Agus theagamh gum biodh e na mì fialaidh na 'n aontaicheadh an Eaglais Shaor agus an Eaglais Phresbyterianach Aonaichte nach tagradh iad earrann d' an airgiod a bhuilicheadh mar so air an Eaglais, agus a chaidh ann an tomhas mòr a bhuileachadh oirre le cuid d'an t-sluagh acasan roimh àm an Dealachaidh. Ged a dh'fhaodadh iad gu làn mhath còir cheart agus laghail a dhèanamh air a' mhaoin sin, coma co-dhiùbh, is e mo bharrail gun cumadh an rùn fialaidh agus suairce iad bho bhith a' cur làimh air peighinn. Ach tha aon mì eile ann—is e sin tighean mhinistearan agus togalaichean eile—agus is e so an aon mì is aithne dhòmhsa air son am féumamaid dà uair an uaireadar de sheanchus anns an Tigh so a chum a shoerachadh dé a bu chòir a dhèanamh. Tha fhios agaibh ann an Albainn nach ann aig an sgìreachd no aig an àrd-eaglais a tha còraichean tighean nam ministearan agus nan tighean-aoraidh. Is ann a tha iad aig tighearnan an fhearainn, ach chan fhaod iad buil a dhèanamh dhiùbh ach air son gnòthaichean na h-Eaglais, agus ma bheil sibh bho na tighearnan iad faodar a ràdh, tha mì an dùil, gur e bhiodh ann saorsa ghrad agus sheallbhach do na tighearnan bho na tagraidhnean a bhios ga'n dèanamh riù bho àm gu àm air son a bhith ag àrdachadh tuarasdail cléir na sgìreachd. Bhiodh sin na bhuannachd do na tighearnan, agus cha bhiodh e na éucoir gun rachadh iarraidh orra còraichean nan tighean agus nan aitreibhean a shìneadh thairis. Na 'n rachadh so a dhèanamh, is e mo bharrail gun dèanadh a' Phàrlamaid ams a' chùis so mar a chaidh a dhèanamh ann an cùis na h-Èireann, agus gun tugadh iad dìoladh air son a cuid aitreibhean do 'n Eaglais an déigh dhi a bhith air a dì-stéidheachadh ; agus a thaobh tighean nam ministearan gu sònraichte, bu chòir gun rachadh ullachadh cothromach agus ceart air chor eigin a dhèanamh.

Chan 'eil coltas sam bith gum biodh an duilgheadas a bu lugha

ann an rathad atharrachaidh d'an t-seòrsa so. An àite sin, an uair a thig e, thig e troimh 'n Phàrlamaid a bhith ag aideachadh an nì a tha dligheach de dh'iarrtasan na h-Alba; troimh a bhith ag aontachadh ri firinn an rud a thuirt mo charaid Uasal a tha an dràst làimh rium—Moraire Hartington—(cha d'innis e dhomh co-dhiùbh a tha e dol a ghabhail a chomhairle fhéin, no dol ga tilgeil air a chùladh.) Mu 'n chùis sin chan 'eil fios agam, ach bha an stéidh a leag e na stéidh a bha daingean, firinneach, agus ceart, agus tha mi ga m' aideachadh fhéin an comain mo charaid uasail air son gun do labhair e am facal. Chan 'eil agam r'a dhéanamh ach gluasad air an t-slighe a dh'fhosgail e dhomh; agus air bonn an taisbeanaidh do-àicheadh a tha a nis air a chur fo ar comhair troimh luchd-ionaid taghte an t-sluaigh, bidh mi, gu inbh chuimsich, a' cur an cleachdamh comhairle a' ghliocais agus a' cheartais sin ris an còir dhuinn sealltainn air son sìth, sonas, agus buan-sheasmhachd na Rìoghachd.

GNOTHAICHEAN ALBANNACH.

ORAIÐ A RINNEADH ANN AN DAIL-CHE, AIR A'
25 LA DE MHIOS OCTOBER, 1890.

RINN Mr. Gladstone òraid ro shnasla aig coinne mhoir ann am Baile Dhail-chè, dluth do Dhùn-èideann, air a' 25 là de Mhios October, 1890. Bha Probhaist a' bhaile air ceann na coinne, agus an talla cho làn 's a chumadh e. Thòisich Mr. Gladstone le bhith ag innseadh cho duilich 's a bha nach robh e comasach do dh' Iarla Rosebery a bhì a làthair, a thaobh gun robh a' Bhan-Iarla ro thinn, agus ghuidh e gu dùrachdach gun deònaicheadh an t-Uile-chumhachdach a h-aiseag gu slàinte a ris.

Chaidh e an sin air adhart gu ràdh ged bha cùisean na h-Eireann a' laighe mar uallach air ìntinnean dhaoine, nach faodteadh diochumhann a dhéanamh air Albainn, agus nach biodh e modhail dhàsan tighinn uair eile a dh' ùrachadh colais air a chàirdean anns an siorramachd sin, gun chùntas a thoirt d' a luchd-taghaidh air mar rinn e a dhleasnas, agus iomradh a dhéanamh air cùisean cudromach Albannach a tha ri sealltainn riù. Thuirt e gum b' e aon de na cùisean sin cho mì-thoilichte agus a tha Albainn air son mar tha a cuid gnothaichean air an riaghladh. Thuirt e nach robh e fhéin riamh gu ro mhór air a thogail mu 'n Aonadh eadar Sasunn agus Albainn, agus cha mhò a bha mór chabhag air gu atharrachadh a dhéanamh. Bha cuid ag iomradh, thuirt e, air dà shochair mhóir a choisinn

Albainn troimh 'n Aonadh; an toiseach, gun robh na h-Albannaich air an cur air an aon ruith ri muinntir Shasunn, a thaobh gach cothrom agus buannachd a bha ri ruigheachd orra araon Deas agus Tuath. A ris, bhiodh cuid ag ràdh gun robh e na bhuannachd mhór do dh'Albainn a bhith fo na h-aon laghannan agus cothroman malairt ri rìoghachd mhòr Shasunn. Gun teagamh bha na sochairean sin glé mhór ach cha robh annta ach sochairean a bhiodh aig Eirinn ged bheirteadh dhi Pàrlamaid dhi fhein, agus aig Albainn ged nach biodh cuid de chuibhrichean an Aonaidh oirre. Thuirt e ged bha e toilichte gun robh fhathast moran de sheann dùthchasachd na h-Alba beo, gun robh seòl no dha anns an robh cuid de 'n t-seana chleamhnachd agus de 'n t-seana chàirdeas a b' àbhaist a bhith am measg dhaoine air a dhrùghadh air falbh troimh 'n Aonadh. A bhàrr air sin, cha robh cùisean na h-Alba a' faighinn na bu dùth dhaibh de dh' aire anns a' Phàrlamaid, agus cha mhò a bha a h-iarrais a' faighinn an tomhais riarachaidh a bha dligheach, a thaobh lìonmhorachd àireamh na dream a bha gu tric a' cur na aghaidh. B'e dleasnas an Luchd-Pàrlamaid Albannach an guth a shìor thogail an aghaidh an dearmaid so.

Na Croitearan.

A nis, ars esan, tha gnothach eile ann mu thimechioll an abair mi facal, ged is gnothach e a bhuineas gu sònraichte do carrainn d' an dùthaich—is e sin ceist an fhearainn, no mar is tric a theirtear, ceist nan croitearan. Tha mi toilichte gun d' fhuaradh dòigh, troimh dhùchioll buidheann nan Adhartach, gu bhith a' deilbh reachdan teann a chum a bhith a' socrachadh màil agus fiachan nan croitearan—agus tha an rannsachadh a rinneadh a' nochdadh gu soilleir nach bu lugha na am féum. Tha aon rud mór nach do bhuidhneadh fhathast, agus a tha e mar dhleasnas oirnn a chumail a ghnàth fo ar comhair. Ged chaidh na céumannan sin a ghabhail a thaobh an fhearainn, agus nam màil, agus nam fiachan, tha cagal orm nach gabh e àicheadh gu bheil fhathast goinne-fearainn ann, agus ma tha sin mar sin, is cruaidh-chas e a thigeadh dhuinn a leasachadh. Cho fada agus a tha mise a' faicinn, is e a' chiad chéum agus an céum sònraichte a tha gliocas a' comharrachadh dhuinn, sealltainn gu géur, cùramach, a dh'fhèuchainn dé na dh' fhaodas a bhith de thalamh ann an Gàidhealtachd na h-Alba, a bha air a mheas freagarach air son àiteach anns an àm a chaidh seachad, ach a chaidh fhàgail gu dol na fhiadhain. Ma gheobh sinn aithne air na tha de thalamh freagarach ann, tha dòchas agam gun bi e na chéum eile an rathad a bhith a' riarachadh uireasbhuidhean carrainn d'an t-sluagh a tha làn airidh air ar cùram. Ach is fhéudar dhomh a ràdh gu bheil aon leigheas air a' chùis a tha gu mór air a mholadh le carrainn àraidh d'ar luchd-riaghlaidh, ris nach 'eil mo chridhe air mhodh sam bith a' teòisinn; agus is e sin a bhith a' cur an t-sluagh thar chuan aig eosdas na Rìoghachd. Faodaidh e bhith, ann

an cuid de shuidheachaidhnean, gum bi a leithid sin de nì féumail, ach is e na tha mise ag ràdh gur i an dòigh mu dheireadh, agus an dòigh is cianala, air a bhith a' buntainn ri gearan sluaigh, a bhith ga'n fògar bhàrr an fhearainn air an do rugadh iad, agus ris a bheil an cridhe fuaighte. Tha mi a nis a' dol a labhairt air gnothach Albannach eile, air a bheil sibh uile eòlach—is e sin

Eaglais Steidhichte na h-Alba.

Is e a tha an sin ainm nach urrainn domh aithiris gun na smaoin-tinnean blàtha a tha dligheach d'a h-eachdraidh, agus do'n obair a rinn i air son math sluagh na h-Alba, anns an àm a chaidh thairis, agus do'n obair a tha i fhathast a' dèanamh còmhla ri eaglaisean eile, agus gu sònraichte eaglaisean Presbyterianach eile. Bho'n thàinig mi a dh'Albainn chuala mi rud-eigin mu dhìon na h-Eaglais. Cha robh cothrom agam air a rannsachadh gu mion dé is brìgh do na facail, ach o'n tha mi a chòmhnaidh ann an Sasunn, tha e dualach domh sealltainn orra, ann an tomhas àraidh, anns an t-solus a tha m' eòlas ann an Sasunn agus ann an Cuimrig a' tilgeil orra. Agus ma chuireas sibh a' cheist orm, Ciod is ciall do na facail, "Dìon na h-Eaglais," ann an Sasunn? innsidh mi dhuibh ann am prìobadh na sùl. Tha iad a' ciallachadh dearg dhaor Thòraidheachd, chan ann follaiseach, ach air a chleith, ach air a shon sin, Tòraidheachd shuidhichte, laidir, dhiurrasach. Tha mi air mo mheas mar aon de luchd-leanmhainn na h-Eaglaise Stéidhichte am dhùthaich fhéin, ach cha deachaidh iarraidh orm riamh mi fhéin a cheangal ri aon de na Comuinn a tha ann air son a bhith a' dìon na h-Eaglais. Tha eagal orm gu bheil iad ga m' mheas neo-airidh, a chionn nach robh mi a' nochdadh suaicheantas an luchd-comuinn. Chan 'eil fhios agam, agus chan 'eil mi a' dol a thoirt breith; tha mi ag innseadh nach 'eil ceart fhios agam dè is brìgh do Dhìon na h-Eaglais ann an Albainn. Tha eadar-dhealachadh cainnt fhathast am measg dhaoine. Tha móran fhacal agaibh—facail ro-fhreagarach—ann an Albainn, nach aithne dhuinn gu ro-cheart ann an Sasunn; agus theagamh, airson na's aithne dhòmhsa, gur e a tha ann an Dìon na h-Eaglaise rud cho neo-choireach agus cho taitneach 's a tha air an t-saoghal; chan abair mi dad m'a thìmhchioll. Chan 'eil mi ach ag innseadh dhuibh, a chionn gum faod e a bhith féumail do chuid agaibh air son a bhith a' leagail ur cùrsa; chan 'eil mi ach ag innseadh dhuibh ciod, a réir m'fhiosrachaidh-sa, is fìor bhrìgh do Dhìon na h-Eaglais ann an Sasunn.

A nis, is e mo chiad dhleasnas innseadh dhuibh ciod ris an robh mi fhéin a thaobh ceist chudromach Eaglais Stéidhichte na h-Alba—ceist ro-chudromach, gun teagamh, ged nach urrainn domh a ràdh gu bheil leas spioradail na dùthcha an crochadh rithe. Tha Albainn, mar is sona dhi fhéin, cho làn uidheamaichte ann an rathad eaglaisean, agus tha i a' tuigsinn cho math mar is còir dhi sealltainn ris na cùisean sin gur e bhiodh ann tàmailt do luchd-leanmhainn na h-Eaglaise Stéidhichte a smaointeachadh nach 'eil iad a cheart cho toileach an t-uidheamachadh céudna a dhèanamh air an son fhéin 's a tha an Eaglais Shaor no an Eaglais Phresbyterianach Aonaichte. Tha

gnothach eile a dh'ainmicheas mi ged nach buin e do dh'fhìor bhrìgh na cùise, agus is e so e. Tha muinntir a' tighinn do dh'Albainn, agus tha iad a' faicinn dùthcha a tha, ach beag, gu h-ìomlan fo thrì eaglaisean móra, agus na trì eaglaisean sin o 'n leith a nuigh air an sgaradh bho chéile. C'arson a tha iad mar so dealaichte bho chéile? A bheil aidmheilean creidimh eadar-dhealaichte aca? Chan 'eil. Tha an aon aidmheil creidimh aca. A bheil eadar-dhealachadh riaghlaidh air na h-eaglaisean? Chan 'eil; tha an aon dòigh riaghlaidh aca uile. A bheil aobhar còmh-stri aca a' ruith a nuas bho linn-tean céin, agus air claisean eadar-dhealaichte a chladhach anns a bheil am faireachdainnean a ruith, air alt agus gu bheil e doirbh an tarraing a dh'ionnsaidh a chéile? Chan eil. Tha iad uile ag agar gun d'fhàinig iad as an aon tobar, gu bheil aca an aon oideas agus an aon dùthchas, gu bheil iad fo 'n aon dòigh riaghlaidh, agus fo 'n aon aidmheil creidimh, agus na leithid do shuidheachadh nach bu lugha na fiosaiche glé ghéur a chitheadh eadar-dhealachadh na 'n cruitheachd agus a bheireadh an aire, an déigh a h-uile rud a tha ann, nach e aon Eaglais a tha ann ta idir ach trì Eaglaisean. Chan 'eil mise am Phresbyterianach; ach mar Chrìosdaidh agus mar neach aig a bheil, tha mi an dòchas, a rùn a bhith ag altrun faireachdainnean Crìosdail, tha mi ag ràdh gum biodh e na urram ro-mhór do dh'Albainn, na bhuanachd ro-mhór do 'n aidmheil Phresbyterianach, na bhuanachd ro-mhór do 'n chreideamh Phrotestanach, na bhuanachd ro-mhór do dh'aobhar móran is farsainghe — aobhar na diadhachd agus a' chreidimh gu léir, air a bheil a liugha ionnsaidh sheolta ga toirt an dràst — bhiodh e na chrìoch ro ghreadhnach — le sùil ris gach mathas a dh'ainmich mi — na 'n rachadh trì Eaglaisean Presbyterianach na h-Alba a tharraing còmhla na 'n aon. A Dhaoine-uisle, chan e mo ghnòthachsa innseadh do shluagh na h-Alba dé is còir dhaibh a dhèanamh mu dhì-stéidheachadh na h-Eaglais. Is fheàrr a fhreagras e dhaibh-san innseadh dhòmhsa. Is e sin a' bhàrail a thug duin-uasal air a bheil meas an dràst anns na h-àiteachan is àirde mar an comhairleach is glìoca agus is géire a tha againn, Mòraire Hartington. Chan e idir tionnsgnadh *Radical* a bha ann. Chan e tionnsgnadh gaoithein coltach riumsa a bha ann. Is ann a bha ann an duine suidhichte, stuama, beachdail so, a' bruidhinn an an Albainn o chionn faisg air còig-bliadh-n-déug, agus so mar thuir e: “An uair a bheir sluagh na h-Alba an guth air son an Eaglais a dhì-stéidheachadh — cha dèanar e gus an dèan iad-san sin; ach an uair a thachras sin — is còir an Eaglais a dhì-stéidheachadh. Tha mi a' toirt làn ghéill do bhriathran Mhòraire Hartington. Thug mi oidhirp air an cur an cleachdamh. Co-dhiùbh a rinn e fhéin a leithid eile chan fhios domh, agus chan urrainn domh a ràdh. Ma bhios cothrom agaibh air a' cheist a chur air fhéin theagamh gun innis e dhuibh. Ach so mar rinn mise: bha mi daonnan ag ràdh nach bu chòir cùis Eaglais na h-Alba a bhith air a socrachadh gus am biodh i gu farsaing agus gu soillier air a mìneachadh agus air a cur an làthair an t-sluaigh, agus air a làn rannsachadh na'm measg, air alt agus gum biodh fios aig gach duine an uair a thigeadh dha dol a thaghadh luchd-Pàrlamaid, gun robh aige f'a chomhair a' cheist, co-dhiùbh a bha no nach robh Eaglais na h-Alba ri bhith air a dhì-stéidheachadh. Air a' bhonn

chéudna, thuirt mi so—nach fóghnadh dhomh guth na Pàrlamaid fhaighinn aon uair, no, theagamh, tuilleadh agus aon uair, air son Eaglais na h-Alba a dhì-stéidheachadh—cha ghabhainn sin mar am facal mu dheireadh a dh'iarraim mar thaisbeanadh air toil sluagh na h-Alba. Uime sin sheas mi a leith-taobh agus cha d'thuirt mi facal an uair a chuir an Tigh so a ghuth le Dr. Camaron, cha b'ann aon uair, ach dà uair. Thàinig an gnothach air ar beulabh, ma tà, an treasamh uair; sheall mi a dh'fhèuchainn ciod a bha a choltas a bhith an dàn da, agus chunnaic mi gun robh an Tigh dol a thoirt na breith chéudna a ris, chan ann a mhain le guth beagan agus dara leith an Luchd-Pàrlamaid Albannaich, ach le guth na h-earrainn gu mór a bu mhò dhiùbh. Ach cha b'e so an t-aona bhonn air an do thog mi. Chaidh ceithir-Fir-Phàrlamaid-dhéug a thaghadh ann an Albainn bho 'n bhliadhna 1886. Bha trìuir dhiùbh sin na'n Tòraidhean agus an aon-déug eile na'n Adhartaich. Tha aon-déug gu math na's mò na trì. An robh an t-aon-fhear-déug so air an roinn na'm measg fhéin? Cha robh idir. An àm an taghaidh dh'innis a' h-uile gin de na h-aona fir-dhéug sin do'n t-sluagh dé am beachd a bha aige, agus chaidh an taghadh a dhéanamh le ceist na h-Eaglais air a nochdadh gu soilleir mu choinne an sùl; agus thug an sluagh an guth air son dhaoiné a bha an geall air an Eaglais a dhì-stéidheachadh. Dh'innis mi dhuibh c'arson a dh'fheith mi cho fada. Cha b'urraim domh feitheamh na b'fhaide. A réir mo bharail-sa cha bhithinn ach a' magadh oirbh agus a cur mo chùl air na geallaidhnean a thug mi dhuibh na'm feithinn na b'fhaide. Dh'iarr mi breith sluagh na h-Alba. Ghabh mi a' bhreith sin mar thugadh i le guth an luchd-gnothaich a chuir an sluagh fhéin a stigh do' n Pàrlamaid. Bu mhath leam a chluinntinn dé an dòigh a b'fhearr a bha ri fhaighinn. Comharraicheadh aon-eigin domh dòigh is fhearr. Chan aithne dhòmhsa gin. Cha chreid mi gur aithne do dhuine sam bith dòigh is fhearr. A nis, ma tà, tha sinn air tighiun gus a' chéum so d' an ghnòthach. Air dhomh tighinn 'n ur measg tha dà nì air iarraidh orm. Tha aon diùbh a' tighinn uapasan a tha dian air taobh a bhith a' di-stéidheachadh na h-Eaglais. Tha cuid aca ag ràdh, O, is e so an rud a bu chòir dhuit a dhéanamh—bu chòir dhuit di-stéidheachadh na h-Eaglais a chur ri créud nan Adhartach agus a chur an céill nach aidicheadh tu mar Adhartach fear sam bith nach tugadh a ghuth d'a réir sin.” A nis, a dhaoin-uaisle, chan 'eil gnothach sam bith agamsa sin a dhéanamh. Labhair fear de chomhairlich na Ban-righinn—Albannach, ged nach 'eil a choltas gu bheil e idir cho faicilleach r'a luchd-dùthcha; is e sin Mr. Balfour—agus thuirt e gun robh mise ag ràdh gun robh di-stéidheachadh na h-Eaglais dol a bhith air a chur ri créud nan Adhartach. Is e fhéin, agus cha mhise, a tha ag ràdh sin. Is e a thuirt mise gun tugaibh mo ghuth air son Eaglais na h-Alba a dhì-stéidheachadh, a chionn gun robh mi dearbhte gum b'e sin iartras Albainn. Ach air son a bhith a' deilbh créud nan Adhartach, is ann duibhse a bhuineas sin agus chan ann dhòmhsa. Bhithinn a' gabhail orm fhéin cumhachdan nach 'eil air am buileachadh orm leis an drèuchd a tha agam ann an comunn nan Adhartach, na'm fèuchainn, an àite a bhith am sheirbhiseach agus ann am chomhairliche do' n chomunn, na'm fèuchainn gu ladarna ri bhith a' co-éigneachadh

a' chomuinn, agus ag innseadh do m' luchd-dùthcha dé is còir dhaibh agus d'e nach còir dhaibh a dhèanamh. Uime sin, chan urrainn domh a ràdh, ma bhios duine air a chur do'n Phàrlamaid, a tha am fàbhor Pàrlamaid a thoirt do dh'Eirinn agus a tha na dheagh Adhartach, agus e air son an Eaglais Stéidhichte a chumail an àird—tha mi ag innseadh dhuibh gu saor, nach abair mi nach e mo dhleasnas mo làmh a shìneadh dha.

Ach chan i sin an té is deacaire de na ceistean a chaidh a chur orm, co-dhiùbh, chan i ceist is duilgheadh a réir beachd an fhir a chuir na ceistean. Chaidh a' cheist so eile a chur orm, an leanamaid ri ar barail mu'n eaglais, agus, air ghaol sìth agus gean-maith agus sàmh-chair, an cuireamaid a' cheist ris an t-sluagh mar chùis air leith. An uair a thainig a' cheist am ionnsaidh thuirt mi mar fhreagradh nach robh mi a' tuigsinn dé a bha e a' ciallachadh le "cùis air leith." Thuirt mi ris mar so: "Tha mi làn chinnteach nach 'eil thu a' ciallachadh gun teid na trì Rìoghachdan—Eirinn, Cumirig, Sasunn agus gu léir—a ghairm cruinn a thaghadh Pàrlamaid ùir, agus gun toir iad uile an 'aire — a' h-uile duine dhiùbh — gur i an aona cheist mhóir mu'm beil iad ri an guth a thoirt, Eaglais Stéidhichte na h-Alba." Gun cuidich am Freasdal sibh! gabhaibh beachd air mórachd-agus lionmhorachd cùisean na h-Impireachd so; seallaibh cho tric agus a tha gnothaichean ro chudromach ag éirigh suas; seallaibh air na tha de chùisean cheana air tuiteam ann an déigh-laimh, agus a' feitheamh a bhith air an cur troimh làimh; agus a bheil duine anns an tigh so, no an taobh a muigh d'an tigh so, a tha am beachd gu bheil e comasach gum bi taghadh Pàrlamaid air a dheanamh m'an teid móran ùine thairis anns na trì Rìoghachdan, a dh'aona ghnothach a bhuntainn ri cùis na h-Eaglaise Stéidhichte ann an Albainn? Tha mi a' gnàthachadh bhriathran làidir. Thuirt mi nach robh an gnothach dealbhach; chan 'eil facail eile agam a fhreagras da, a chionn tha e gu tur e éu-comasach, am measg na h-ùtaig agus an dùmh-ladais agus na còmh-stri de chùisean móra a tha a ghnàth ag iarraidh an socrachadh anns a' Phàrlamaid—tha e gu tur éu-comasach an t-ùrlar mór a réiteachadh agus a' h-uile gnothach agus a' h-uile fear-gnothaich a tha ann a sguabadh as an rathad, a chum agus gum bi againn aona cheileir a' luaidh air an Eaglais Stéidhichte. Uime sin, a dhaoin-uaisle, an uair a tha sibh a' feòrach dhiom a bheil mi air son "cùis air leith" a dhèanamh dhi, tha mi a' freagar nach 'eil. Tha e mar fhiachaibh orm, sean's ga'm beil mi, m'inntinn a leagail ri bhith air mo bhearradairachd agus air mi chronachadh; agus tha dòchas agam gu bheil mi toileach aithreachas agus leasachadh a dhèanamh ma rinn mi mearachd. Ach, cho fad's is léir dhòmhsa, choimhlion mi an gealladh a thug mi dhuibh, agus anns air rud a rinn mi, cha do rinn mi sion air son an còir dhomh leisgeul a thairgseadh, no sion ri thoirt air ais, no sion ri 'atharrachadh.

Tha aon rud fhathast a bhuineas do chuis na h-Eaglaise Stéidhichte ann an Albainn, air am féum mi labhairt ear tiota. Chaidh ceist a chur orm le duin-uasal a tha airidh air gach gnùis agus air gach aire, agus a bhithinn ro thoileach a sheòladh. Chuireadh a' cheist so orm: "Buinidh mi do na h-Adhartaich; tha mi air son Pàrlamaid dhi

fhéin a bhuileachadh air Eirinn; ach tha mi tairiseach do 'n Eaglais Stéidhichte, agus air son a cumail suas. Dé a tha mi ri dheanamh?" A nis, is i so an fhreagairt a thug mi dha: Mo dheagh charaid, chan ann dòmhsa a bhuineas e breith a thoirt air a' chùis sin; is ceist i a dh'fhéumas muinntir na h-Alba a fhreagairt. Ma tha sluagh na h-Alba d' an aon bharrail riutsa—is e sin r'a radh, ma tha iad na 'n Adhartaich, ma tha iad air son Pàrlamaid a thoirt do dh' Eirinn, agus ma tha iad toileach an Eaglais Stéidhichte a chumail suas, cha bhi tuilleadh duilichinn agad. Cuiridh iad a stigh do 'n Phàrlamaid daoine d' an aon snuadh riut fhéin; taghaidh iad daoine a tha na 'n Adhartaich, agus toileach Pàrlamaid a thoirt do na h-Eireannaich, agus càirdeil do 'n Eaglais Stéidhichte. Ach, ma thachras gum bi a' chùis air atharrach—ma bhios an àireamh gu ro-mhór is mò ann an Albainn de na h-Adhartaich, agus diùbhsan a bheireadh Pàrlamaid do dh' Eirinn, an geall air an Eaglais a dhì-stéidheachadh—a bhàrr air sin, oir tha buidheann eile ann nach faod mì a dhi-chuimhneachadh—ma tha mòran ann nach 'eil idir am fàbhor Pàrlamaid Eireannaich, ach a tha air son an Eaglais a dhì-stéidheachadh—tha mi ag ràdh, ma bhios aomadh-inntinn na h-Alba am fàbhor a bhith ag aontachadh, an dà chuid le Pàrlamaid Eireannaich agus Dì-stéidheachadh na h-Eaglais, ciamar is urrainn dòmhsa an cumail air an ais? Tha mi ag ràdh ri m'charaid, leis gach urram agus leis gach bàigh, anns a' chiad aite, chan 'eil e am chomas an gnothach a bhacadh. Bhiodh e cho math dhomh labhairt ris a' ghaoith no ri tonnan a' chuain, agus a' bhith a' feuchanin ri thoirt air na h-Albannaich am beachd atharrachadh air a' chuis so, aon uair agus gun do rinn iad suas an inntinn; ach a bhàrr air so, ged a b'urraim domh a bhacadh, agus ged a dh' fhèuchainn ri a bhacadh, dé a bhithinn a dèanamh? Bhithinn a' strìth, calg dhìreach an aghaidh rùn-suidhichte gach aidmheil a réir an robh mi a' stiùradh re dhà fhlichead no leith-chiad bhiadhna—bhithinn a' strìth ri toil na h-àirimh a bu lugha a chur thairis air toil na Ríoghachd. Is e an t-aon dóchas a tha agam, gun ceaspaich agus gum fèuch an sluagh an inntinnean fhéin, gum faic iad gur e an dleasnas an guth a thoirt as leith nan aobharan ro-mhór a tha ceangailte ri oidhirpean agus iarrais nan Adhartach, agus gun earb iad anns an Fhreasdal gun suidhich e gu ceart agus gu glic an cùrsa air an bi cùisean a' siubhal.



FO-SGRIOBHADH.

A' SEALLTAINN ri cùis Eaglais na h-Alba mar Fhear-Pàrlamaid, chithear gu bheil Mr. Gladstone ag ainmeachadh cheithir aobharan a bhios càirdean nan Eaglaisean Steidhichte a' tairgseadh air son a bhith ga'n cumail suas. Is iad so iad :—

1. Gu bheil an Eaglais Steidhichte a' dèanamh oibre shònraichte anns an dùthaich—mar a tha a bhith a' gabhail cùraim do na bochdan—nach b'urrainn do bhuidhinn sam bith eile a dhèanamh.
2. Gu bheil i a' taisbeannah as leith fhirinnean agus theagasgan àraidh.
3. Gur i an Eaglais d'am buin a' chuid is mò d'an t-sluagh.
4. Ged, theagamh, nach buin a' mhòr-chuid d'an t-sluagh dhi, gu bheil iad toileach a bhith ga cumail suas.

Ciamar, ma tà, a tha na ceithir aobharan sin a' freagairt do n Ghàidhealtachd ?

1. Tha fios aig an t-saoghal nach 'eil an Eaglais Steidhichte anns a' Ghàidhealtachd, chan e mhain a' dèanamh oibre shònraichte nach b'urrainn do chàch a dèanamh, ach gur ann a tha an obair ach beag gu h-ionnlan air a dèanamh le càch—gu sònraichte leis an Eaglais Shaoir. A nis, chan 'eil so a' tachairt gu buileach a chionn gu bheil clèir na h-Eaglaise Steidhichte mi-chomasach, no a h-uidheam mi-fhreagarach, ach a chionn gun do ghabh an sluagh fuath do'n truaillidheachd a thàinig air an Eaglais troimh a co-cheangal ris a' Chrùn; cha b'urrainn daibh a ghiùlan, agus aig àm an Dealachaidh anns a' bhliadhna 1843, a dh' aona bheum agus a dh' aona bheachd, chuir an Eaglais Ghàidhealach i fhéin dith an ceangal a bha aice ris a' Chrùn. Ach, a chionn gun do lean fuighealach ris na seana chuibhrichean, tha cumail suas na h-Eaglaise Steidhichte fhathast a' laighe mar uallach air an dùthaich. Na 'n d' fhuair na Gàidheil an iarrtas, agus na'n do sheas na Goill cho dileas riù air taobh na saorsainn, bha an Eaglais gu buileach air a dealachadh bho 'n Chrùn o chionn leith chiad bliadhna.

Ach cluinnear càirdean na h-Eaglaise Steidhichte ag ràdh ma théid airgid na dùthcha a thoirt bho 'n Eaglais, gun téid a' Ghàidhealtachd a dhìth, agus gun till Albainn gu léir air a h-ais gus an cor borb agus fiadhaich anns an robh i m'an d' thàinig solus an t-Soisgeil. A nis, chan 'eil an so ach bòcan faoin nach 'eil e doirbh dhuinn a chur as aithne. Bho àm an Dealachaidh chuir an Eaglais Shaor cruinn air son aobhar an t-Soisgeil fichead muillion agus teann air ochd ciad mìle pund Sasunnach (£20,790,000). An déigh gach pàidheadh a fhuair an Eaglais Steidhichte bho 'n Rìoghachd, an do chuir a cuid sluaigh a dharna leith sin cruinn ? Chan 'eil fhios ged chuireamaid còmhla an dà chuid na fhuair i bho 'n Rìoghachd agus na thionail a cuid sluaigh, an ruig an t-suim na chuir sluaigh na h-Eaglaise Saoire a mach ann an aobhar an t-Soisgeil. Agus air son nam bochd, chan fhaicear gu bheil an Eaglais Steidhichte a' gabhail cùraim shònraichte sam bith dhiùbh.

2. A bheil an Eaglais Steidhichte, ma tà, a' togail fianuis as leith fhirinnean agus theagasgan àraidh air dhòigh nach urrainn do na h-eaglaisean eile a dhèanamh ? Co a ghabhas air fhéin a ràdh gu bheil ? Ach, their cuid gu

bheil an Eaglais Stéidhichte na h-aideachadh air cho iomchuidh agus cho buannachdar agus cho ceart 'sa tha e gum biodh an Eaglais agus an Crìm air an aonadh r' a chèile, agus gun dèanadh an t-uachdaran mar so aideachadh follaiseach air a' chreideamh Chrìosdaidh. Ach, am fear a sheallas air a' Ghàidhealtachd, aidichidh e gu bheil cor na h-Eaglaise Stéidhichte i fhéin gu leòir gu dhearbhadh nach 'eil an co-cheangal a chum buannachd na h-Eaglaise co-dhiùbh.

3. Cha ruigear a leas a' cheist a chur, An i an Eaglais Stéidhichte eaglais an t-sluaigh anns a' Ghàidhealtachd? Na 'm fàgar a muigh muinntir nam bailtean, chumadh aon talla cuimseach na tha de luchd-comunnachaidh aice anns a' Ghàidhealtachd, agus tha sgìreachdan ann far am faodadh am ministear, an seisein, agus an coimhthional laighe anns an aon leaba—agus chan e “leaba mhór na h-àiridh” a bhiodh innte cuideachd.

4. Ach ged tha so fìor, a bheil na Gàidheil toileach an Eaglais Stéidhichte a dhìon agus a chumail suas? Ma tha iad a' dol ris a' chrìonntachd agus an toiniseachd a tha combharraichte annta ann an chisean eile, chan urrainn nach 'eil iad ga fhaicinn mar ghnòthach gun fhéum a bhith a' cumail suas agus a' pàidheadh eaglais dhìomhanaich ann an dùthaich bho chd, far a bheil iomadh féum air gach airgiod a ghabhadh cur gu buil air son math an t-sluaigh. Ach their càirdean na h-Eaglaise Stéidhichte gum bi an Rìoghachd a' cur cùl ris a' chreideamh ma dhì-stéidhichear an Eaglais. Is e an seasamh gaisgeil a rinn Aithrichean na h-Eaglais Phresbyterianaich Aonaichte, agus gu sònraichte an Dealachadh a rinnadh anns a' bhliadhna 1843, na buillean a bu làidire a chaidh a bhualadh o linn an Ath-leasachaidh an aghaidh na marbhantachd spioradail agus an caoin-shuarachas a chinn suas anns an Eaglais fo chuibhrichean an Uachdarain. Chan 'eil creideamh agus diadhaidheachd rìoghachd aig an sam bith cho fallain agus cho beò 's a tha iad an uair a tha an Eaglais a' faireachdainn gu bheil i a' saothrachadh air a son fhéin. Cha robh i riamh ach air a lagachadh agus air a truailleadh an uair a bha i air éill aig an Uachdaran shaoghalta agus air a beathachadh bho a làimh. Tha Mr. Spurgeon Urramach ag ràdh :—“Tha mi an aghaidh a bhith a' càrnadh suas ionmhais air son eaglaisean; is fheàrr an t-airgiod a chur gu buil cho luath agus a gheobhar e. . . . B'fheàrr leam nach robh peighinn cùl na làimh aig na h-eaglaisean. . . . A ràdh nach 'eil eaglais nan uaislean comasach air i fhéin a chumail suas, an uair a tha eaglaisean nam bochd ga dhèanamh, chan urrainn domh a chreidsinn.”

Their cuid gu bheil e peacach a bhith a' gabhail airgiod a chaidh fhàgail air son aobhar an t-Soisgeil agus a bhith ga chosd air gnothaichean saoghalta. Ach nach eil e air a chosd anns a' Ghàidhealtachd air gnothaichean is mìosa na gnothaichean coitcheann saoghalta? Bha Iain Knox ag iarraidh gun rachadh beairteas na h-Eaglais a chosd, am measg aobharan eile, air na bochdan; agus na'n dèanteadh sin an dràst le airgiod na h-Eaglaise Stéidhichte, cha bhiodh ann ach a bhith ga chur a mach air son an aobhair is àirde a tha aig na h-eaglaisean gu léir, oir is e “dilleachdain agus bantracha fhiosrachadh na'n trioblaid” an “diadhachd fhìor-ghlan agus neo-shalach am fianuis Dé agus an Athar.” Agus neò-ar-thaing mur 'eil gu leòir de bhochdainn air gach taobh a' glaothaich air son fiosrachaidh agus cobhair.

Ach nach e cuid de dh' aidmheil na h-Eaglaise Saoir gum bu choir ceangal a bhith eadar an Crìm agus an Creideamh? Roimh an dealachaidh bha an ceangal ann; ach aig gairm a cogais rinn an Eaglais na b' urrainn di aig an àm sin gus an Stéidheachadh a chur dhìth gu buileach. Mur robh an Eaglais a' cur cùl r' a h-aidmheil an uair a thilg i aig casan an Uachdarain a cuid an t-saoghal ann an 1843, seach gun strìochdadh i còraichean spioradail an t-sluaigh, chan 'eil e furasda fhaicinn ciamar a bhiodh e na mhilleadh air aidmheil na h-Eaglaise Saoir an diugh ged a theireadh i gu bheil math agus cothrom an t-sluaigh ag iarraidh gun rachadh an Eaglais

a reic a còir-bhreith ann an 1843, agus a tha o chionn leith-chiad bliadhna gu h-éucorrach a' deoghal bó mhór na Rìoghachd, a chur air an aon ruith ris na h-eaglaisean eile. Tha cuid ag ràdh an uair chaidh a' Phàtronachd a chur às, annsa' bhliadhna 1874, gun deachaidh aobhar-gearain na h-Eaglaise Saoir a thort air falbh. Chan 'eil na Gàidheil d' an bharaill sin, agus tha iad ag aontachadh le briathran Dhr. Begg nach maireann an uair a thuirt e anns a' bhliadhna 1876, "nach do thachair nì sam bith" a bu chòir toirt air an Eaglais Shaoir carachadh o 'n stéidh air an do thog i.

Thugadh na Gàidheil an aire dha so : mur dì-stéidhichear an Eaglais Stéidhichte an Albainn, chan e mha'n gum bi an Eaglais Easbuigeach an Sasunn air a cumail suas, ach biodh an Eaglais Phàpanach a' tagar gum bi i fhéin air a stéidheachadh an Eirinn. Chan urrainn duinn, mar shluagh Protestanach, na h-eaglaisean uile a stéidheachadh, agus, nime sin, is éiginn duinn an cur uile air an aon ruith, agus "cothrom na Féinne" a thoirt daibh gu léir. Chan 'eil dòigh eile ann air ceartas a thoirt do 'n t sluaigh. Thuirt an Eaglais Shaor i fhéin, anns an Litir a sgrìobh an t-Ard-Sheanadh a dh' ionnsaidh an t-sluaigh anns a bhliadhna 1843, "Chan urrainn duinn na h-Eaglaisean Stéidhichte a tha ann mar thà a sheasamh," agus "a roghainn air gum biodh an Eaglais Phàpanach air a stéidheachadh, b' fheàrr gum biodh na h-Eaglaisean gu léir air an sgaradh o 'n Chrùn," agus "Chan urrainn duinn cuid a ghabhail ann a bhith a' dìon agus cumail suas nan Eaglaisean Stéidhichte a tha ann mar thà." Air son buannachd a cuid sluaigh lóm an Eaglais Shaor i fhéin ann an 1843; agus an déigh an an t-soirbheachaidh agus na farsaingeachd agus na saorsainn a tha i a' mealtainn bho 'n àm sin, chan 'eil coltas sam bith gun leig i leatha fhéin tuilleadh a bhith "air a cuibhreachadh le cuing na daorsa."

A réir coltais is ann aig na Gàidheil a tha an céum-toisich anns gach leasachadh mór a tha ga dhéanamh air suidheachadh nan Eaglaisean Stéidhichte. Chuir na Gàidheil Eireannach dhiùbh an t-nallach o chionn aireamh bhliadhnaichean; tha na Gàidheil Chuimrigeach làn deas gus an céum céudna a ghabhail. Fèuch gum bi na Gàidheil Albannach cho tapaidh agus cho adhartach riù anns an deagh obair.

Mar Ghàidheil, dileas do 'n Eaglais Shaoir, an uair a thig àm taghadh na Pàrlamaid ùir, thugaibh ur guth as leith na saorsa agus a' cheartais, agus air son ur buannachd agus ur sonais fhéin.

